


# A' Ghrian agus a' Ghaoth



Air ath-innse le Susan Akass • Dealbhan Helen Floate




# A' Ghrian agus a' Ghaoth



Air ath-innse le Susan Akass  
Dealbhan Helen Floate  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




Uair a bha siud  
chunnaic a' ghrian agus a' ghaoth  
nighean bheag le còta dearg.

2

Thuirt a' ghaoth ris a' ghrèin,  
“Bheir mise an còta far an nighinn bhig.”


3




“Cha toir. Chan urrainn dhùt,” thuirt a’ ghrian.  
“S urrainn,” thuirt a’ ghaoth.




Shèid agus shèid a’ ghaoth.  
Shiab i an t-aodach far an ròpa.  
Shiab i na duilleagan far na craoibhe.




“Cha toil leam a’ ghaoth,”  
thuirt an nighean bheag.  
“Dùinidh mi mo chòta.”




Shèid agus shèid a’ ghaoth.  
“Cha toil leam a’ ghaoth,”  
thuirt an nighean bheag.




Shèid agus shèid a' ghaoth  
ach cha b' urrainn dhi an còta a thoirt  
far an nighinn bhig.




Thuirt a' ghrian ris a' ghaoith,  
“Cha tug thu an còta far an nighinn bhig.”



“Ach bheir mise,”  
thuirt a’ ghrian.  
“Bheir mise an còta far an nighinn bhig.”



“Is toil leam a’ ghrian,”  
thuirt an nighean bheag.  
“Bheir mi dhìom mo chòta a-nis.”



“Ha! Ha!” thuirt a’ ghrian.

“Thug mise an còta far an nighinn bhig.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND JOHANNESBURG BLANTYRE  
GABORONE IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Susan Akass 1996

A’ chiod fhoillseachadh 1996

99  
10 9 8 7 6 5 4

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo anns a’ Ghàidhlig 2001 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdàrasan a tha riochdaichte air MRG.  
Na coirichean uile gléidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth  
sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhear clár-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann

Clò-bhuailte le Scoprint

LAGE/ISBN 0 86152 786 0